



Duais Dhòmhnail Meek 2019 Stiùiridhean Tagraidh

- Feumaidh tagraidhean airson Duais Dhòmhnail Meek a bhith ann an Gàidhlig na h-Alba.
- Tha Duais Dhòmhnail Meek fosgailte do sgrìobhadairean a tha a' fuireach ann an dùthaich sam bith agus de nàiseantachd sam bith.
- Bu chòir do thagraidhean a bhith ann an aon de na gnèithean a leanas:
 - sgrìobhadh cruthachail – bàrdachd, sgeulachdan, nobhailean no dràma
 - rosge eile
 - sgrìobhadh cruthachail do chlann no inbhich òga
- Bu chòir do thagraidhean a bhith de fhad leabhair
- Feumaidh pìosan sgrìobhaidh a bhith tùsail agus neo-fhoillsichte roimhe.
- Bu chòir do phìosan sgrìobhaidh a chuirear a-steach a bhith crìochnaichte agus air an dearbh-leughadh gu mionaideach airson mearachdan litreachaidh is gràmair.
- Far a bheil sgrìobhadair air aonta fhaotainn le foillsichear, chan fhaod an tagradh a chur a-steach leis an fhoillsichear no bhith ann an cruth clò-shuidhichte.
- Feumar pìosan sgrìobhaidh a chur a-steach ann an cruth Word le clò 12-puing agus beàrnadh dùbailte. Bu chòir do na duilleagan uile a bhith air an àireamhachadh fa leth le tiotal a' phìos sgrìobhaidh sa bhann-coise.
- Chan eil e ceadaichte pìos sgrìobhaidh sam bith a chaidh a chur a-steach gu Duais Dhòmhnail Meek a-cheana a chur a-steach a-rithist ann an cruth sam bith.
- Chan fhaod ainm an ùghdair a bhith clò-sgrìobhte air an tagradh a chionn 's gum bi na tagraidhean uile air am breithneachadh gun urra.
- Is e **Dihaoine 3 Cèitean 2019 aig 5f**, an ceann-latha deireannach do thagraidhean uile. Cha tèid beachdachadh air tagraidhean a gheibhear às dèidh a' chinn-latha seo.
- Bu chòir tagraidhean a chur a-steach air post-d gu alison@gaelicbooks.org
- Gheibh ùghdaran uile fios air ais mu choinneamh an tagraidhean taobh a-staigh seachdain.
- Thèid geàrr-liosta de shia tagraidhean ainmeachadh san t-Sultain 2019. Faodaidh na tiotalan air a' gheàrr-liosta a thighinn à gnè sam bith agus chan eil e riatanach na gnèithean uile a riochdachadh air a' gheàrr-liosta.
- Thèid breithneachadh air na tagraidhean le pannal neo-eisimeileach. Bidh co-dhùnadh a' phannail deireannach agus cha bhi co-sgrìobhadh sam bith na lùib.
- Thèid Duais Dhòmhnail Meek a bhuileachadh aig cuirm feasgair ann an Ionad Nàiseanta na Pìobaireachd ann an Glaschu air 26 Sultain 2019.